



Bàta Sheumais

Faclan: Anna Latharna NicGillìosa

Fonn: Traidiseanta

Tùs: Tha Bàta Sheumais stèidhichte air seann òran

Èireannach: Báidín Fheilimí

Chaidh Bàta Sheumais fhoillseachadh & a chlàradh ann an ‘Seinneamaid Còmhl’.

Bàta Sheumais a’ seòladh gu Barraigh

Bàta Sheumais is Seumas air bòrd

Bàta Sheumais a’ seòladh gu Barraigh

Bàta Sheumais is Seumas air bòrd.

Sèist:

Bàta bìodach, bàta bòidheach

Bàta brèagha, bàt’ aig a’ bhodach bhoichd

Bàta dìreach, bàta deònach

Bàta Sheumais is Seumas air bòrd.

Bàta Sheumais tighinn dhachaigh gu Leòdhas

Bàta Sheumais is Seumas air bòrd

Bàta Sheumais tighinn dhachaigh gu Leòdhas
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd.

Sèist.

Bàta Sheumais chaidh fodha air Rònaidh
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd
Bàta Sheumais chaidh fodha air Rònaidh
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd.

Sèist.